

APS. I. 79. 69

EAGLASEAN

CLEIREIL

NP. ND.

National Library of Scotland



B000476905



EAGLAISEAN CLEIREIL

ANN AN

STAITEAN AMERICA.

"Cum gu daingeann samhla fior nam briathra fallain."—2 Tim. i. 13.

A CHAIRID IONMIUINN,

ANN sa bhliadhna 1620, ri am na gcurleanmuinn a bha'n Sasuinn, chaidh euid dhe'n t-sluadh do dh'America, agus chomhnuich iad ann an eearna leo fein do'n d'thug iad mar ainm Nuadh Shasuinn, agus be so toiseach S'tàitean America. A lion euid agus euid, lean tuileadh iad, araon a Sasuinn agus a Alba, agus dh' aon iad rinbha. Ann sa bhliadhna 1648, ghabh Seanadh Nuadh Shasuinn ri Leabhar aidmhithe a chreidimh. B'i sin a bhliadhna au deidh do Chomh-chruinneachadhl Eaglais na h-Alba gabhairil ris an leabhar cheudna. Tha a nis an eothionallau ni's lionmhoire na co-thionallan cleireil Bhrcatainn, ni a chi thu an deidh so. Bliadhna blristidh ann an Eaglais na h-Alba, chuir Comh-chruinneachadhl na h-Eglais shaoire, an t-urramach Oladh Cunningham, a null do na Stàitean, a dh' fluaiinn nan eaglaiscan cleireil ann an sin, agus a dh' innseadh dhoibh aobharan a blristidh, agus a dh' flicuchainn ciod a dh' fhoghlumadh e na'm measg a bhiodh feumail do'n Eaglais Shaoir. Air an ath bhliadhna, air dha tighinn air ais, chuir c'n ecill ann sa Chomh-chruinneachadhl mar so. "Tha aon phuing eile a chuireadhl dhachaidh air m' aire leis na chunna mi ann an eaglaiscan America, so sin, an riaghait a reir am bheil iad a frithealladh Baisdeadhl agus Suipeir an Tighearna. Cha'n 'cill aobhar teagaibh air aon laimh, gu bheil cleachdadhl na'n eaglaiscan anns an tir so, a dol thar am barrannts ann a bhi gabhairil a steach a dhionnsuidh nan orduidhean sin; agus air an laimh eile, cha'n 'eill aobhar teagaimh gu bheil ann an eaglaiscan America gu mòr ni's mo do thoirbeadh glan eadar an eaglais agus an saoghal; ann am briathraigibh eile, cha'n 'cill aobhar teagaibh a thaobh

eaglaisean na tire ud, gu'm b'e an gnath, gu'n robh aireamh ni bu mho dhe na shuidheadh aig bord an Tighearuua na'u daoine iompaichte, seach na bha ann sa chuid mhòr do dh'eaglaiscan na tire so. A nis is cuis ro chudthromach so, ge d' nach'eil romham aig an am so, dhol a steach anus na puingean leis am feud agus leis anu bu chon do'n ni so bhi air a riaghlaadh. Gidheadh, feudaidh mi a radh, gu bheil a thaobh cleachdaidh muinntir na'n eaglaisean cleireil anu an America, a thaobh gabhail a steach do'n comunn, agus gu orduidhean, gle mhòr, an aon ni ris na li-eaglaisean co-thionallach anns an duthaich ud; agus cha'n 'eil aobhar teagaibh gur e cleachdadh coitchiou a chuid mlior do na h-eaglaisean cleireil eile, a dhol a dh'ionusaidh a cheum as flaide do laise ann an gabhail gu orduidhean. Is a bu nhionna leam a thoirt fachomh-air m'aithrihean, agus mo blraighean ann an so; cha'n e an riaghait a reir am bu chòir a bhi gabhail dhaoine gu orduidhean, ach an uallach thòrm a th'orrasan a ghabhas iad, a thaobl uan ionchuidheachdan a dh'iarras iad, agus na rianan a dh'fleudas iad a ghabhail a chum na h-iomachuidheachdan sin a dhéanamh cinnteach. A nis, cha'n 'eil eadar dheallachadh bheachd sam bi na'r measg air a so, gu bheil na li-uile dhuine neo-iompaichte, agus nach'eil fuidh chleachdadh fior chreidimh, ann an tomhas beag no mòr, a ghabh sanhlaidhean cuirp blriste Chriosd, agus fuil dhoirte Chriosd, gu'n do dhith agus gu'n do dhol a damanadh dha feiu. Anns an ni so tha sinn uile a dhaon inntinn; agus air au aobhar sin, feumaidh sinn tighinn a dhionnsuidh so leis, nach gabh c aicheadh, gu bhéil aireamh mhòr leis au cleachdadh a bli suidhe sios aig bord an Tighearna na'n daoine neo-iompaichte; agus se an ni gus an bu mlionn leam 'ur n'aire a sheoladh, gu bheil eiounta mhòr a thaobh an ni so na luidhe ann an ait-eigin. Tha am peacadh auu sa chuid is mo na luidhe air an duin e feiu; ach ma tha eaglais no caglaisean auns am bheil e cleachdaichte aireamh neo-iompaichte, an aireamh is nr, no an uair nach'eil an aireamh ni's mo, ach ann an coimeas liomhor, cha'n 'eil a chionnt a fuireach aig an duin e fein, ach ann an 'omhas beag no mor tha i suaidhte riubhsan aig am bheil an riaghlaadh; agus ciod air bi àite anns am bheil a chionnta na luidhe, tha anu an sealladh Dhe, tomhas do chionnta a bhios millteach do'n eaglais siu, le bli cumail air ais beanuachaiddh Dhe o a frithheallaidhean."

Air dhomh an cuntas a thug an t-Oladh Cunningham mu eaglaisean cleireil Staitcan America a leubhadh, cluir e togradh dion na m'iuitinn fios ni bu mheana flaighinn mu na h-eaglaiseau ud. Cha rogh colas-agam air aon do mhiinisterean na'n caglaiscan fein, uaidhe siu chaill mi mòran uiue agus saothair ann an sgriobhadh gu feaghainn eile. Fadheoidh air do'n urramach J. W. Chickering, o bhaile Phortland ann an Stàite Maiu, a bli air chuairt anns an tìr so; thaghail e agam, agus gu caoimhneil, ghabh e o's laimh am fiosrachadh a bha mi 'g iarraidh fhàicinn air a chur do m' ionusuidh. Thug mi dha fiehead ceisde, a

thug a leis do dh'America, agus a chuir e do m'ionnsuidh air ann ais la'm freagraidhean, o thriuir dhaoinc a bhuineas do na h-eaglaisean iad fein, agus a thug iad fuidh an lamhsgríobhaidh, agus a rainig mise toiseach na bliadhna so chaidh. Tha an ainmean aig deireadh nan ceisdean, agus flrcagair Maighstir Chickering e fein a cheisde mu dhcireadh. Na h-aireamhan, thuair mi iad, ann an litir a chuir duile urramach aon an ard thigh fhoghluim Princeton Nuadh Jersey, air a chuígeamh latha fishead do mhios mheadhion an t-samhraidh 1851, gu aon do phiaipeircan nuidheachd Ghlaschu do'n ainm "Dionfhear Albannach." Chuir mi na nitha so an lathair Seanaidh shaoir Ghliuncilge air an ochidamh latha do mhios mu dheircadh an earraich so chaidh, agus dh'iarr caoch-ladh do bhuill na curte am faighinn ann an clo-bhualladh. Chuir mi ann an clo-bhualladh iad ann sa Bheurla; agus a thuilleadh air buill na curte, bha ceithir cheud gu leth air an liubhlairt do bhuill a Chomh-chruinnichidh ann an Dueidin, agus o'n am sin bha cuig mile air an clo-bhualladh agus air an craoblisgaoileadh aon an iomadh cearna. Chuir-eadh iad ann an leabhar miosail aon an Sasuinn, aig am bhcail craobhsgaoilcadh farrsainn. Tha'n clo-bhualladh sa chaint eile dol air aghaidh; agus air iarradas iomadh neach, tha mi a nis a tort na nithe ceudna seachad ann an Gaelic. An deigh cuid dhe na ceisdean tha mi a cur sios beagan a leabhar aidmhicil a chreidimh; a chum gu'm faic thu co-aonntachadh no co-chordadh na'm freagraidhean ris an leabhar sin.

Thainig bristeadh ann an caglais chleireil Stàitean America, o chionn bheagau bhliadhnnan, mar auns an tìr so fein; agus tha iad a nis na'n dà eaglaisean. Se ainm aon diubh "Sean sgoil," agus ainm an aoin eile "Sgoil ùr." Tha an aireamhan mar so:—

		"Seann sgoil."	"Sgoil ùr."
" Seanaidhean,	.	23	21 "
" Cleirean,	.	134	104 "
" A foghluim air son na Ministeireachd,	.	381	64 "
" Ministeirean òga,	.	237	140 "
" Ministeirean suidhichte,	.	2027	1489 "
" Eaglaisean,	.	2675	1575 "
" Buill air an gabhail a steach air an aideachadh,	.	10,852	5099 "
" Buill air an gabhail air theisteanas,	.	7892	4203 "
" Air ann baisdeadh a thainig gu aois,	.	2918	1696 "
" Air ann baisdeadh na'n òige,	.	10,994	4046 "
" Aireamh an luchd-comanachaiddh,	.	210,306	140,060 "

Tha thu a faicinn gu'n robh, a bhliadhua an t-samhruidh so chaidh, cedar an da eaglais, tri mìle cuig ceud agus seadeug do mhìnisteirean suidhichte; agus ma thuair na co-thionallan uile ministeirean o'n uair sin, se an aireamh a nis, ceithir mile dà cheud agus leth-cheud. Tha

sea eaglaiscan cleireil cielo anns na Stàitean; ach cha'n 'eil an aireamh agam. A nis, se aireamh na'm ministeirean suidhichte ann an eaglaiscan cleireil Blàrcaitainn, aig deireadh na bliadhna so chaidh, so a leanas :—

Eaglais shuidhichte na h-Alba,	1124
Eaglais shaoir na h-Alba,	742
An eaglais aonaichte chleireil,	498
An eaglais chleireil athleasaichito,	33
A cheud eaglais dheallaichte,	13
Eaglaiscan cloireil Shasuinn,	91
Eaglais chleireil Eirinn,	500

Se an aireamh uile tri mìle agus aon. Uайдhe na choimeas so bheir thu fainear, gu'r mo gu mòr a tha do mhìnisteirean cleireil ann an Stàitean America no ann am Breatainn; agus bheir thu fainear mar an ceudna, gu'n deanadh an aireamh chloinne chaidh a bhaisdeadh ann am bliadhma fagus do chluigear air son gach ministeir. Mar an ceudna, bheir thu fainear gu'n robh eadar an dà eaglais, dhie na chaidh flìgail gun blaisdeadh na'n òige, air am baisdeadh ann an aon bhliadhma, ceithir mìle sea eud agus ceithirdeug, a thaing gu aois shear agus bhan, agus a dh'aidhich an iompachadh no an gairm eufachdaich ann an lathair an t-scisein; aideachadh do'n d'thug, an scisein air bhonn nan coslasan creideas, agus an lorg sin, ghabh siad iad a steach do chomunn na h-eaglais. Is iad so na ecisdean a chuir mi do dh' America, agus am frcagraidhean.

1. Am bheil an riaghlaigh agaibhse, a glnath, ag iarruidh gu'in bi parranutan na'n luchd-comanachaidd mu'm faigh iad baisdeadh do'n cloinn? Ma tha, car-son? "Freagradh. 1. Aon no an dithis. Tha aon air a mheas ni's leoir. 2. A chionn e bhi air a mheas nach coimhlichion ach luchd-comanachaidd na ecanglaichean solaiminte fuili am bheil iad a dol." A deir leabhar aithghéarr na'n ceisd, 95. "Ach tha naoidheana na muinntir a ta na'm buill do'n eaglais fhaicsinnich ri bhi air am baisdeadh." 'S iad "buill do'n eaglais fhaicsinnich," luchd-comanachaiddh a mhàin.

2. Am bheil iadsan a tha ag iarraidh aonachuid Baistidh no Suípeir an Tighearna, ag aideachadh iad a bhi air an iompachadh, no air an gairm gu h-eufachdach; agus am bheil a air iarruidh uapa innseadh an lathair an t-seisein, an aobharan air son a bhi dh'e'u bheachd sin a thaobh an staide fein? "Freagradh. 'Se so an eleachdadhl a g'math anns an dà eaglais. Cha'n 'eil gabhail a steach ann as aonais na h-aidmhile sin." A deir leabhar aidmhileil a chreidimh, caib. xxviii. 4. "Cha'n iadsan a mhain a tha da ríreadh ag aideachadh creidinibh ann an Criod agus umhlachd dha; ach mar an ceudna, naoidheana a thig o pharranutan, a tha araon no aon diubh na'n creidmhich gu bhi air am baisdeadh."

A deir an leabhar cheisd is mo 166. "Cha eilidh am baisdeadh a fhrithealladh do neach sam bi a tha'n taobh a muidh do'n eaglais fhaic-sinnich, agus mar sin na'n coigrich do choimhcheangal a gheallaidh, gus an aidich iad an creidimh ann an Criosd agus umhlachd dha; ach naoidheana a teachd o pharranntan, a ta araon, no aon diubh ag aid-eachadh ereidimh ann an Criosd agus umhlachd dha, tha iad naidhe sin, an taobh a stidh do'n choimhcheangal (a gheallaidh) agus gu bhi air am baisdeadh." Se "coimhcheangal a gheallaidh," da'm bheil muinntir neo-iompaichte "na'n coigrich," sud tha sgríobhita ann an Gen. xvii. 7. "Agus daingnichidh mi mo choimhcheangal cedar mise agus thusa, agus do shliochd a' d' dhleagh 'na'n gionalachaibh, mar choimhcheangal siorruidh, gu bhi a' m' Dhia dhuitse agus do d' shliochd a' d' dhleagh." Tha'n coimhcheangal so air a thoirt a steach do'n Tiomnadh nuadh ann an Gniomhara ii. 39. "Oir a ta an gealladh dhuibhse agus do 'ur cloinn, agus do na h-uile a ta sad o laimh, eadhon a mheud as a ghairmeas an Tighearna ar Dia." Thoir faincar co iad a tha'n taobh a steach do choimhcheangal so a gheallaidh, "eadhon, a mheud as a ghairmeas an Tighearna ar Dia," le a ghairm eufachdaich, "o dhorchadas gu solus, agus o chumhachd shatain a dh'ionnsaigh Dhe," a ghairmeas e "gu bhi na'n naoimh," agus an cloinn, agus so a chloinn a mhain a deir creud d' eaglais tha "gu bhi air am baisdeadh." Thoir an aire, gu bheil leabhar aidniheil a chreidimh, ris an do ghabh eaglaisean cloireil na rioghachd so, a seasamh air a phuing so, gu'r iad clann pharranntan "a ta na'n creidmheas," a tha gu bhi ar am baisdeadh, gu'r iad clann pharranntan "a dh' aidicheas an creidimh ann an Criosd," a tha gu bhi air am baisdeadh. A nis, is aon ni agus is ionann, neach a dh' aideachadh e bhi air iompaichadh no air a ghairm gu h-eufachdach, agus a bhi ua chreidmheach. Is aon ni agus is ionann, neach a dh' aideachadh creidimh ann an Criosd agus e a radh, "chuir an t-Athair agus am Mac an Spiorad naomh do ni' ionnsuidh, neach a thug m' auam beò, a chur an creideamh, tiodhlac Dhe ann a m' chridhe, agus a threoraich mi ann sa chreidimh sin a chleachdadh air Iosa Criosd, agus leis an do ghabh mi ris mar Shlanuidhear do m' anam; agus an deigh dhonh na h-uile fein-ranns-achadh a dbeanamh, se mo bleachd orm fein, gu'r leamsa Criosd agus gu'r le Criosda mise." Neach sam bi a dh' aidicheas creideamh anu an Criosd, cha'n uileir dha bhi aige ri fheuchainn do dh' obair inutinn a reir na gairm eufachdaich, do dh còlas na firinn, agus do chaith-camhbeatha na diadhachd, uidhir, sa ni aideachadh ann an sealadh muinntir eile, a reir na h-uile choslais, no aideachadh firinneach: iónnas gu'n d'thoircar creideas dha. Fosgail do shuilean, fnic, tuig, agus thoir faincar; a reir aidniheil creidimh d'eaglais, na dh' fleumadh tu bli mu'n rachadh tu a dh'iarraidh baisdidih do d' leanamh.

3. Am bheil an Seiscin mar chüirt, a tabhairt breith, a reir coslais, air iompaichadh no gairni eufachdaich, no staid an neach a tha 'g iarraigdh

an orduidh, agus ma tha; am bheil a bhreith a gabhail a steach obair inninn a reir ceisid na gairm eufachdaich, eolas na firinn, maille ri cleachdadhl as caitheamhbeatha, anns na h-nile ni, cumta ris an t-soisgeul, agus a diultadh no a tabhairt a reir sin? "Freagradh. 'Se so an cleachdadhl gnàthaichte; cha'n aithne dhuinne claonadhl uaidhe."

4. Ma tha an Scisein a toirt na breith so, eiod an t-ughdarras a tha iad a faighinn ann an leabhar aidmheil a chreidimh air son a bhreith sin a thoirt? "Freagradh. Tha ar gniomh ann sa chluis so suidhichte air na tha air a theagast ann sa chaildeal mu iomechuidheachdan airson comunn eaglais, agus mar an ceudna, air an rann sin. I Phcad. iii. 15. 'Ach naomhaichibh an Tighearna Dia ann blnr eridheachaibh, agus bithibh ullamh a ghnath chum freagradh a thoirt, maille ri ceannsachd agus eagal do gach uile dhuine a dh'iaras oirbli reusan an dochais a tha annaibh. " Cha' n' cil ministeur no seiscin a smuainicheadh, ear mionaid, neach a ghabhail a steach do chomunn eaglais gun dearbh-bladh athrachaiddh eridhc," 'Se caib. xxix. 8; ann an leabhar aidmheil a chreidimh a tha iad ag ainmeachadh, agus a tha ag radh mar so. "Ge do ghabhas daoine aineolach agus aingidh, na samhlaidhcan o'n leith a muigh anns an òrdudh so; gidheadh, cha' n' cil iad a gabhail an ni tha air a chiallachadh leo; ach le'n teachd da ionnsuidh gu neo-iomechuidh, tha iad eionntach do chorp agus do shuil an Tighearna chum an damanaidh fein. Uime sin, mar a tha na h-uile a ta aineolach agus mi-dhiadhaidh neo-iomechuidh air comunn ris-san a mhéalltainn, mar sin, tha iad neo-airidh air bòrd an Tighearna; agus fhad sa mhaireas iad mar sin, cha'n nrrainn iad, gun phicacadh mòr an aghaidh Chriosd, com-pairteachadh do na diomhaireachdan naomha sin, no bhi air au leigeadh do'n ionnsuidh." Bheir thu fainear, gu'r iad an dream a tha neo-iomechuidh airson bòrd an Tighearna, tha'n caibdeal so ag cur air leith, agus tha an dream a tha iomchuidh, gu soilleir ri bhi air an tuigsinn. Mu choinneann an aineolaich tha an soillsichte—muchoinneamh a mhi—dhiaidhaire, tha an diadhaire—an neach tha iomechuidh air "comunn ris-sau a mhéalltainn," se sin am beò, an ereidmhach. Mar so, 'se 'ni beò, an soillsichte an ercidhneach, an diadhaire, tha'n caibdeal so ag cur air leith air son bòrd an Tighearna, agus ag cur fuidh bhreitheambachd an luchd-riaghlaidh a chum a ghabhail a steach, agus esan a mhàin. Mu chach uile, tha'n caibdeal, a labhairt ro làidir, ag radh, nach "urrainn iad a bhi air an leigeadh a dh'ionnsuidh" na'n "diomhaireachdan naomha sin." Tha'n caibdeal so a deanamh an eadar-dheallachaidh agus ann an cainnt làidir ag agairt dilscachd sa chuis o luchd-riaghlaidh; ach a thuilleadh air so, faic an t-ughdarras a th'aca o'earraim eile air son na breith a tha iad a toirt. A deir an rian-riaghlaidh cleireil ris an do ghabh eaglais na h-Alba sa bhliadhma 1645; agus na h-eaglaisean cleireil eile an deigh sin. "Bha cunihachd agus ughdarras fuidh an t-seann Tiomnadhl muinnfir neo-ghàlan a chumail

o nithe naomha. Tha a shamhuil siu a chumhachd agus a dh'ughdarras, a thaobh co-chordaidh, a leanntainn fuidh an Tiomnadhl nuadh. Tha aig luchd-dreuchd riaghlaidh gach co-thionail air leith, cumhachd la h-nghdarras neach a chumail air ais o bhòrd an Tighearna, nach 'eil fadhasd air a thilgeadh a mach as an eaglais. 1. A chionn iadsan aig am bheil ughdarras breith a thoirt, agus gabhail a ste: c', a mhénd sa tha ionchuidh airson an òrduidh a ghabhail; gu bheil ughdarras aca a chumail air ais, a mhéud sa gheabhar neo-ionchuidh. 2. A chionn gu'r gnothach eaglaiseach agus cleachdadhl coitchionn e a bluineas do'n cho-thional sin." A deir an caibdeal gur e am beò, an soillsichte, an creidunheach, an diadhaire a tha ionchuidh; agus a deir an rian-riaghlaidh, gu bheil cumhachd le h-ughdarras aig luchd-riaghlaidh gach co-thionail, breith a thoirt, an e, no nach e sin an neach a th'air am beulamh, agus cumail air ais no gabhail a steach da reir sin.

5. Am bheil an Scisein air sheòl sam bi a faighinn a mach imitinn an luchd-comanachaидh ann sa cho-thional, a thaobh an neach tha 'g iarraidh mu'n gabhar e a steach do'n chiomunn? "Freagradh. Gle ainmig,— cha'n 'eil uair sam bi, mar bi an neach ann an tomhas na choigrach, agus an sin, le bhi a feòraich do chuid mu a chleachdadhl agus a chaith-eamhbeatha."

6. Air do luchd-iarraidh òrduidhean a bhi air an diùltadh, am bi iad a monbhnr, agus am meas iad an diultadh na mhasladh, agus an lean iad an luchd-dreuchd aig cuirtean na h-eaglais, no an iarr iad an aite eigin eile? "Freagradh. 1. Bithidh cuid ri monbhur, agus tha sin air a mhicas mar dhearbhlaidh air an neo-ionchuidheachd. 2. Cha'n 'eil an diultadh air a mhicas na mhasladh. 3. Cha'n 'eile idir leanntuin air luchd-dreuchd airson diùltaidh; ach air uairibh, faganidh iad agus aonaidh iad ri buidheann eigin eile."

7. Am faigh miathraighean, an uair a' mhicasar iad ionchuidh, baisdeadh do'n cloinn cho rcidh ri aithrichcean? "Freagradh. Gun teagamh, agus tha böideau air an leagadh orra da reir siu."

8. Am bheil baisdeadh òige, agus aoise, na clilcachdadhl coitchiouin na'r measg? "Freagradh. Tha."

9. Ciod a tha sibh a tuigsium o na briathraighean, "buill do'n eaglais fhàicsinnich?" "Freagradh. Na h-uile tha 'g aideachadh gu'r criosaidhean iad, no iadsan a tha aon an comunn na h-eaglais (comanaichean), mar aon ri'n cloinn; ach an cloinn ann an làn sheadh na'm briathran, an uair a dh' aidicreas iad aithreachas a thaobh Dhe, agus ercidimh a thaobh an Tighearna Iosa Criod."

10. Am bheil mòran a tha leanntuinn na'n eaglaisean cleircil a fàs suas agus a bàsachadh, gun aonachuid baisdeadh no suipcir an Tighearna?

"Freagradh. Cha'n 'eil an t-anabharra mòrain. Tha cuid a tha air am baisdeadh na'u òige nach 'eil a dol gu bòrd an Tighearna; ach cha'n 'eil an aireamh mòr."

11. Ciod an coimeas a tb'aig an luchd-comanachaiddh ris a chuid eile dhe'n cho-thional? "Freagradh. Cha'n 'eil e furasda freagradh air a phuing so. Ann an cuid, an treas-earranu; ann an cuid eile, an leth; agus ann an cuid da thriou. Tha a ehùis so a reir dilseachd a mhinisteir agus an t-seiscin, agus beannachd Dhe air an saothair."

12. Cia c'eo tric sa tha Suipeir an Tighcarna air a fritbealladh na'r measg? "Freagradh. Ceithir uairean sa blhaiddhna, ach beag annu a'r n'uile cho-thionallan."

13. An ann air Dihaoine a chomanachaiddh a mhàin, a tha baisdeadh air a fhrithlealladh? "Freagradh. Tha an cleachdadh eadar-dheallaichte. Tha cuid a mhinisteircan a baisdeadh air a cheud Sàbaid dhe na mhios, cuid eile air Disathairn a chomanachaiddh, agus aireamh mhor air Diluain a chomanachaiddh. Tha iadsan tha air an gabhail a steach do chomunn na h-eaglais, agus uach robh air am baisdeadh na'n òige, air am baisdeadh air Sàbaid a chomanachaiddh, an deigh na searmoin." (Agus an deidh sin tha iad a dol gu bòrd an Tighearna.)

14. Am bheil òigradh agaillh na'm buidhnichean, a tha sibh a teagast agus ag oilineeachadh a dh' aon obair air son bòrd an Tighcarna? "Freagradh. Cha'n 'eil a dh' aquamhathas, ni's fhaide na gu bheil an teagast sin air a thabhairt do bliuidhnichean a tha leubhadh agus a raunsachadh a Bhiobuill, agus ann an ceasnachadh coitchionn."

15. Am fior gu'n robh ath-bheothaichidhean, no dùsgaidhean agus iompaichidhean coltach, gealtannach, gu maith farsainn na'r measg, mar aon uair anns no cuig bliadhna deug? "Freagradh. Bha ath-bheothaichidhean tric, agus cunhachdach na'r measg; cha'n urrainnear a radh gu bheil iad a tachairt an ceann gach cuig bliadhna deug. Ann an cuid a dh'eaglaiseau bha ath-bheodhaichidhean fad aireamh bhliadh-uaidhean, bliadhna an deigh bliadhna; ann an cuid eile bha amannau fionnarachaiddh ro luachmhor air am mealltainu uair sua tri no ceithir a bhliadhnaidhean.

16. Ma blià, ciad an coimcas a bha aig dusgaidhean an deigh sin, ris an dùsgadil a blià ann an Nuadhl Jersey, eadar a bhliadhna, 1730, agus 1732, an uair, a reir leabhair mhaighstir Hodge ann àrdthigh fhoghluium, Princeton, a bha, ann a dhia no tri a bhliadhnaidhean, eadar deich mìle sichead; agus da fhichead mìle, a reir nan uile choslasan air an iompachadh? "Freagradh. Tho e air a creidsinn gu'n do thachair iad ni bu liou-mhoire, agus ann an criochaibh mòran ui b'fharsainne; ach cha robh leo uidhir a ghluasad no a dh'fhuaim, no ma dh'fheuta na dearbhuidhean cho domhain; ach ua bha na'n lorg anns an iomalan, bha a cho mhòr, agus na toraidhean cho luachmhor."

17. An aonadh sibh ri cheile, riaghlaidh teann dileas agus na h-ath-bheothaichidhean sin; a meas an riaghlaidh sin, na mheadhon mòr air na h-ath-bheothaichidhean? "Freagradh. Dh'aouadh. Tha sinn a creid-sinn gu'm b'e sin fiosrachadh na h-eaglais auns gach linn; agus is e an t-aobhar, gu bheil riaghlaidh teann dileas le orduchadh Neimh, na-mheadhon gràis cho eufachdach, na àite fein, ri searmauachadh dileas an t-soisgeil."

18. Ciod no h-oilbheuman a tha sibh a smachdachadh gu follaiscach, agus am blicil an smachdachadh sin an làthair a cho-thionail, no an làthair an luchd-comanachaидh a mhàin, agus an iad an luchd-comanachaидh a mhàin, a tha sibh a smachdachadh mar sin? "Freagradh. Tha peacaidhean a tha do nadar sgainnil, mar a ta misg, agus macnus agus an leidbhidh sin, air au smachdachadh gu follaiseach an làthair a cho-thionail uile. Tha oilbheuman ui's lugha air an smachdachadh an làthair an t-scisein. O chionn ghoirid, is e cleachdad nan eaglaisean, an smachdachadh so a dhicauamh air luchd-comanachaидh a mhàin."

19. Am bheil 'ur cleirean a toirt breith air coslas an gairm eufachdach dhaoine òga, mu'n d' thoir iad, mar chuirtean, aonnta do iad a dhol a dh'fhaoghlum air son na ministearachd? "Freagradh. Tha na daoine òga tha'n urra ris an eaglais air son an cosdais, agus fuidh churaim luclid-amhráic mar siu air an ceusnachadh, agus mar sin air an gabhail no air an diùltadh. Feaghainn eile tha cosd orra fein, tha iad mar sin air an ceasuachadh, a mhàin aig àm dhoibh teachd fuidh raunsachadh air son comas searmanachadh."

20. Am fior an ui a tha maighstir Tearlach Buck ag ràdh, mu għluasad a thòisich anns na h-eaglaisean co-thionallach ann an Nuadh Shasuinn, edar a bliliadhna 1657, agus 1660, do'n d'thugadh an t-ainm "C'oimlicheangal-leth-an-radhai," se sin, baisdeadh naoidheaua pharran-tan, a bha an taobh a muigh do chomanu na h-eaglais aig bòrd an Tighearna, cleachdadli a rinn mòran buaireis aig an àm anns na h-caglaisean; agus am bheil an cleachdadli sin a nis air a chur gu h-iomlan as na h-eaglaisean, ach a mhàin am measg na'n Unitarians? "Freagradh. Tha a mar sin air a chur a cleachdadli ann an Nuadh Shasuinn anns an do thoisich e; agus tha mi a decanamh dhe, nach robh an cleachdadli riaghlaidh ann an eaglais chleireil na "Seann Sgoile," agus Cilcadear ann an Sgoil na Diadhachd ann an Nuadh Albany." —J. W. CHICKERING.

SEORAS MARSHALL, ministeir na h-eaglais chleireii' am Betel, Allegany, siorramachd Phensilbhania, Ceannsuidhe Seanaidh Phitsburg, agus ball do Chomh-chruinneachadh r'a "Seann Sgoile;" SEORAS MAXWELL, ministeir, Marietta, Ohio, agus ball do Chomh-chruinneachadh na Sgoile Uire; A. R. FORSYTH, Seanair-Riaghlaidh ann an eaglais chleireil na "Seann Sgoile," agus Cilcadear ann an Sgoil na Diadhachd ann an Nuadh Albany.

Tha thu faicinn gu'r e an riaghait agus an cleachdadh ann an caglaisean mòr urramach Stàitean America, agus sin, a reir leabhar aidmheil a chreidimh, muinntir, a reir nan uile choslais, a ta na'n creidmich, na'm muinntir iompaichte, a ghabhail, an toisceach gu bòrd an Tighearna, agus an dcigh sin an clann a bhaisdeadh, agus gu'r e an cleachdadli gnàchaichte clann chàich uile fhàgail gun bhaisdeadh. A ris, an uair a thig aon sam bith dhc na chaidh fhàgail na'n òige gun bhaisdeadh fuidh chùram, agus a thig e ag aideachadh aithreachais a thaobh Dhe, agus creidimh a thaobh an Tighearna Iosa Criod, agus à bhcirear brcith gu bheil, a reir coslais aideachadli onarach agus firinn-cach, tha e air a bhaisdeadh, agus air ball a dol gu bòrd an Tighearna; agus an deigh sin, ma tha no ma bhios sliochd aige, tha iad air am baisdeadh. A nis, is amhuil so bu chòir a chùis a bli ann a'd thir fein, anns gach uile caglais chleireil ann an Breatainn. Gabh leabhar aidmheil a chreidimh ann a d' laimh, tuig, agus thoir cothrom dha, agus blicir e a dh'ionnsaidh a cho-dhùnaidh so thu, an dara euid, gu bheil na tha do pharranntan anns an tìr gu leir na'n creidmich cholltach, agus gu'm bu chòir dhoibh a bli na'n luchd-comauaichidh uile, agus mar sin, nach biadh leanabli gun bhaisdeadh air fad na tire nilc. No mar 'eil na do shealladh na parranntan mar sin, gu'm bu chòir mòran cloinne bhi gun bhaisdeadh. Tha'n leabhar ud, agus e air a thairing o'n flìrinne, ga do dhruideadh gu aon chuid dhc'n dà chuid, gun chomas agad a dhol a dh'iounsuidh na laimhe deise no clithe, agus co dhiubh a their thu a tha ceart. Is ni soilleir, gu'n do chuir na diadhairean a thairing o'n flìrinne, le mòr rannsachadh agus chùram, leabhar aidmheil a chreidimh, criochan làdir roimh na h-òrduidhean naomha so, "bò, soillsichte, creidimh, diadhlaichd," a bhi "ann an Criod, umhlachd naomha dha," is mar sin sios na'n criochan roimh Shuipeir an Tighearna (faic an leabhar cheisd is mo, ccisd 171, leabhar aighearr nan ceisd, ccisd 97); "ball do'n eaglais fhaicsiunich" no comanaiche "creidimh, aideachadh creidimh, umhlachd na naomhachd," mar chriochan a thaobh pharranntan air son baisd-idh an cloinne. A nis, tha na criochan so, gu ro shoilleir, a dùnadh a mach na h-uile neach nach d'thig a suas ris na nithe ud, eadar pharranntan agus chlann, a chlann air sgàth na'm parranntan. A thuileadh air a so, chuir iad an ceil gu'n robh cumhachd le h-ùglidarris aigluehd-riaghlaidh, breith a thoirt air co, a bhri coslais, a bhiodh an taobl a stigh, no an taobl a muigh do no criochan ud. Gidheadh is e an cleachdadli a bhi a briseadh troimpa, fear ag iarraidh, is fear a toirt thar a bhalla, agus iad fein gle clòirde a chùis a bli mar sin. Am bheil na nithe a deanamh call a nis, no an tog iad eeann fadhasd. Am bi thusa colltach ri muinntir uasal Bherca, a rannsaich an robh na nithe sin mar sin.

Tha fhios agad, gu'r e an cleachdadli air feadh no Caidhealdaichd, a bhi a baisdeadh cloinne pharranntan nach eil na'm "buill do'n caglais fhaicsiunich;" acli a tha'n taobl a muigh do chomunn na h-eaglais aig bòrd

an Tighearna. Tluing thu fainear, gu'n robh an cleachdadhl sin air fliuchainn ann an eaglais na'n Comh-thionallaeh, ann an Nuadh Shasuinn; agus nach ann sàmhach, ciuin, mar a d' thìrse a bha sin, ach gu'n d'rinn e mòran buaireis, gus an deachaidh fhuadaeh a mach as na h-eaglaisean gu h-iomlan, aeh a mhàin am measg na'n Unitarians, a chun aca an cleachdadhl. An abair thu, gu'r nitheir sin fein, ann am fabhar cleachdaidh do thìrc. Eisd ri creud na'm muinntir ud. Tha iad ag aieheadh Diadhachd a Mhic, agus pearsa an Spioraid Naoimh, agus puingean a tha gu nadarra a leanntainn na dhà ud, mar a tha, nach robli ann an Criosd aeh duine,—naeh b'eadar-mheadhaincar e,—nach d'thug e iobairt reitich,—nach ann trìd, no air a shon a tha maith-eanas peacaidh,—naeh cuspair aoraidh, no urniugh, no doehais e, nach 'eil obair an Spioraid ann, nach 'eil Spioraid gràis agus achnuinge ann, no treòraichidh, no comhnuidh, no soillsichidh, no naomhaichidh, agus mar sin sios. Seall air a mhuiintir ris am bheil do thìr a thaoblh na puinge nd ann ami bràithreachas. Cha b'ionann sa bhi ann am bràithreachas, a thaoblh ereud is cleachdaidh, ris na h-eaglaisean mòra urramaeh dileas glan ud, a tha gu h-eudmhor a cumail gu daingean "samhla fior na'm briathra fallain," agus air am bheil, sa'm measg am bheil, an Spiorad naomh air a dhòrtadh a mach cho trie, ionnas gu bheil na milltean, agus na deich milltean air an gairm gu h-eufachdach, agus air an eur ris an Tighearna, agus ri eaglais nan ccud-ghin a tha sgríobhta anns na neamhaibh. Gu'n d'thugadh an Tighearna gliocas agus tuigse dhuit anns na h-uile nithe.—Do chairide, dileas,

FRAING MAC BHEATHAIN.

Cill-chuimein ceud latha na bliadhna, 1853.

Bha na briathraibh so a leanas, air an labhairt lcis an urramach Oladh Candlish, ann an Comh-chruinneachadh na h-eaglais shaoire, sa bhliadhna 1846, air do dh'aithris a bhi air a leubhadh, mu'n daimh anns an robh an Eaglais shaoir agus Eaglaisean cleireil Stàitean America dha cheile. Arsa an t-Oladh Candlish, "Cha'n 'eil mi a faieinn aobhair air sealltauin air ais, aona chuid le brou, no le làirc, air a mhodh san robh sinn air ar toirt anns an daimh so. Cha'n 'eil mi a faicinn aobhair sam bi air a bhi caoidh toiseach na daimhe so. Tha mi ag aonntachadh ris an aithris ann a ràdh, eò fhada's as leir dhuinn fadhasd, gu bheil an daimh so a chum cidichidh dhuinn araon. Tha iomadh ni againne ri ionnsachadh

uapa-san. Tha iomadh ath-leasachadh a dh'fhaodadh mide a thogail uapa. Tha iadsan ann an cuid a dh'òidhcan, fada os ar ceann-na, agus tha mi a creidsiun, ann an caochladh nithean a ta luidhe ri cleachdadh ceart eaglais Chriosd, a dheanamh mide mar eaglais, gu maith an toirt faincar, an togail uapa, agus an eur an cleachdadh. Is fheairde sinne elolas a ghabhail orrasan, agus tha earbsa agam, nach misde iadsan aithne bhi aca òiruc." Mholl an Comh-chruinnccachadh a ris sa ris na briath-raibh so.

A leubhadair, coimcis an riaghlaigh tcann agus dìleas, agus na "dùsgaidheau tric agus cumhachdach," ann an eaglaisean cleircil Stàit-can America; ris au riadhladh las, mhi-dhìleas, agus am bàs coitchionn ann a d' dhùthach fein, agus ciod an co-dhùnadhl gus an d'ìlhig thu? An cum thu ort fein o a ràdh, "O! nach robh e na m'eaglais-se mar ann an eaglaisean cleircil Stàitcan America."

P. DRUMMOND, an Sruileadh.

"Ullaichibh slighe an Tighearua; reitichibh, anns an di-threabh, slighe àrd da'r Dia-na."—Isa. xl. 3.

"Eirich a Thighearna, gu d'thamh, thu fein agus àire do neirt. Sgeadaichear do shagnárt le h-ionracas, agus deanadh do naoimh luath-ghaira."—Salm cxxxii. 8, 9.

X

